



1  
Tha an t-uisge mòr a  
tha a' tuiteam air taobh  
siar na h-Alba a' cumail  
mathas ri diofar  
phàirtean de choille-  
uisge ghuirm,  
duilleagach sa bheil  
beartas de chòinnich,  
crotal is rainich.



As t-fhoghar am bliadhna cùmaidh Gàradh Luibheach Rìoghail Dhùn Èideann (RBGE) tachartasan a' comharrachadh Bliadhna Eadar-nàiseanta nan Coilltean 2011, leis a leithid fèill-thaisbeanaidh, fiolmaichean, tachartasan co-obrachail ('interactive') agus làrach-lìn shònraichte air Coilltean às a' Chuimhne (*Forgotten Forests*). Tha Max Coleman, Neach-conaltraidh Saidheans RBGE, ag innse an seo mu choille air taobh siar na h-Alba a tha air a dhol à cuimhne dhaoine

## Coille-uisge Cheilteach

A' coiseachd tro fearann coillteach de chraobhan daraich is calltainn air taobh siar Arainn, a' toirt aire nach dèanainn cron sam bith air brògan na cuthaige no air sòbhragan shònraichte an earraich. Tha a' ghrian a-nise a' deàrrsadh ach chithear fhathast dileab an uisge; le boinneagan beaga air na lusan a sgapadh solas na grèine air gach taobh.

Tha na craobhan fhèin car iosal agus rudeigin toinnte uaireanan, an seòrsa coille a gheibhte an uirsgeul bho sheann. Tha pàtran breac de bhrèidean còinnich, lusan de rainich bhig (agus iad trid-shoillear) agus crotal a' còmhachadh chorp is gheugan nan craobh, le caochlach mòr de dhathan is chumaidhean.

Eadhon aig an àm seo dhen bhliadhna, le glè bheag de dhuilleagan air thighinn air na craobhan, tha coltas gorm, duilleagach air a' choille ris nach biodh an dùil cho tràth sa bhliadhna. Tha crotal mòr, molach a' crochadh air na craobhan, a' cur ris an fhaireachdainn shònraichte, àraidh. Chan fhaighear fearann coillteach dhen t-seòrsa seo ach an àitean air taobh siar na h-Alba, ged a gheibheadh uaireigin fad is farsaing e. Is iad craobhan daraich sessile is calltainn as motha a gheibhear, le pailteas ghnèithean a tha an urra ris an ìre mhòir de dh'uisge a gheibhear an coilltean an iar.

Tha an uiread de dh'uisge a' tuiteam air na coilltean seo, agus gum b' urrainn fìor 'choille-uisge' a chantainn rithe. Is annasach 'choille-uisge' cantainn ri coille an Alba, oir thathas a' smaoinichadh mu choille-uisge mar choille sna tropaigean. 'S e coille-uisge, ge-tà, a th' ann an coille sam bith a tha a' faighinn còrr is dà mheatair de dh'uisge sa bhliadhna. Tha oirean nan coilltean air a' chosta cuideachd le gilean sa bheil adhar tais, bruthaineach. Leis is gu bheil iad faisg air a' mhuir chan fhaighear aimsir ro theth no ro fhuar annta, is glè bheag de reothadh no tìde tairt. Chleachd fearann-coillteach daraich a' Chuain Siar, no fearann-coillteach daraich-calltainn, a ràdh ris ach 's e an t-ainm 'Coille-uisge Cheilteach' as fhèarr le barrachd is barrachd dhaoine a-nise.

Tha Coille-uisge Cheilteach na h-Alba na h-eisimpleir air fearann-coillteach a lorgas ann am beagan àitean air feadh an t-saoghail sa bheil àrd-ìre de dh'uisge a' tuiteam; àitean a leithid ceann an iar-dheas Ameireaga a Deas, New Zealand, costa an ear-thuath a' Chuain Siar agus ear-dheas lapain. Air an toirt còmhla, chan eil na coilltean seo ach pàirt beag dhe na tha ann de choilltean-uisge tropaigeach is fo-thropaigeach a lorgas air feadh na cruinne.



### Eileanan iomallach

Tha meud coille-uisge na h-Alba air crionadh thar mhiltean de bhliadhnan ri linn buaidh dhaoine. Lorgas coille-uisge air beagan eileanan iomallach a-mhàin, ach le amas gun tèid cur ris na coilltean seo le planntachadh agus brosnachadh ach an tèid an sìolachadh agus fàs gu nàdarra. Thathas an dòchas gun tèid ceangalan a thogail eadar cuid dhe na diofar phàirtean, a' toirt cothrom do chuid dhe lusan spèisealta seo fhaighinn gu àitean eile seach na h-eileanan iomallach air a bheil iad an-dràsta.

Cò iad, a-rèist, comharran sònraichte coille-uisge Cheilteach? Tha bith-iomadachd mhòr nan coilltean seo stèidhichte air na lusan beaga is fungas a tha a' fàs air geugan agus cuirp chraobhan. Is e 'epiphytes' a chanas riutha; lusan speisealta a' tha an urra ri uachdar fàs-mhorachd, a leithid craobhan, airson fàs. Chan eil epiphytes gam beathachadh fèin air a' chraoibh no an lus air a bheil iad, oir 's ann a tha iad a' faighinn na dh'fheumas iad bhon uisge no ceathach san adhar. 'S fhèarr le mòran epiphytes àrainnean de shuidheachaidhean sònraichte, agus uime seo, tha cuid dhen fheadhainn as àilgheasach gu math tearc sa choille-uisge Cheiltich.

Tha epiphytes cuideachd nam pàirt mòr de choilltean-uisge tropaigeach, an cruth rainich no flùr nam bochd agus iad nan còmhdach air geugan mullach nan coilltean. Anns a' choille-uisge Cheiltich ge-tà, is iad crotal, raineach is còinneach na prìomh seòrsa epiphyte. Cha lorgas an fheadhainn as teirce dhiubh sin ach anns a' choille-uisge Cheiltich a-mhàin. Tha crotal na seòrsa fungais spèisealta is le algaich annta, agus tha obair an RBGE air crotal na coille-uisge Ceiltich a' tarraing aire do chudrom nan seann chraobhan ris an canar a' choille 'aosmhor'. Tha cuid de ghnèithean crotail cho mòr an urra ri àrainn sheasmhach dhen t-seòrsa seo agus nach fhaighear lorg orra ach sna roinnean as motha de sheann phàirtean coille air nach tàinig mòran atharrachaidh sam bith. Bu chòir do dh'obair an RBGE cothrom a thoirt dhuinne prìomhachas a chur air na roinnean as motha sa bheil na gnèithean sònraichte seo a' fàs.

Am measg na còinneach is rainich seo tha gnèithean ann a tha a' freagairt air suidheachaidhean sònraichte na coille-uisge Ceiltich. 'S fhiach coimhead gu geur ri còinneach nan clachan is craobhan oir chithear iomadachd ghnè nach fhaiceas 's math dh'fhaodte san dol seachad. Lorgas sa chòinneach lusan de raineach beaga le coltas còinneach orra, le duilleagan trid-shoilleir anns nach eil ach aon chealla de thiughad. Chan eil e idir na iongnadh gu bheil lusan dhen t-seòrsa seo an urra ri taiseachd mhòr, oir tha na duilleagan cho min is gum biodh e gu math furasta dhaibh tiormachadh. Is iad seo raineach sgannach – 'filmy ferns', aon rud ri filmy ferns Wilson is Tunbridge – nam buill de ghnè lusan a tha nas tric le buntanas an inntinn daoine do fhearann fliuch nan tropaigean.



### Aire dhaoine

Faighnich don phoball mu chraobhan is choilltean na h-Alba agus nì daoine, sa chumantas, smaoineachadh air giuthas is beithe.

Is cinnteach gu bheil craobhan giùthsach is beithe cudromach an coilltean mòra, iomraiteach na h-Alba. Air an làmh eile ge-tà, 's iad craobhan beaga a lorgas sa choille-uisge Cheiltich, air an gearradh air ais le gaoith na mara, le coltas de ras dùmhail oirre. Nan lorgadh tu thu fhèin am measg chraobhan daraich air an cumail bho fhàs, nach eil cus nas àirde na thu fhèin, chan eil rian nach e rud spèisealta a bhiodh ann – rud cho miorbhaileach na dhòigh fhèin, ri coille mhòir ghiùthsach sam bith.

Tha barrachd is barrachd mothachaidh ga thoirt do chudrom coille-uisge Cheiltich na h-Alba. Is iad àrainnean sònraichte na coille seo pàirt dhen adhbhar is gu bheil uidhir de chòinneach is de dhuilleig a' chruithneachd na Roinn Eòrpa ri lorg an Alba (mu 1,000 gnè no 58% dhiubh uile), cho math ri rainich mu 66 gnèithean no 66% dhiubh uile) agus crotal (mu 1,900 gnè no 37% dhiubh uile). Tha na figearan seo iongantach dha-riribh nuair a shaoileas nach eil ach glè bheag de fhearann na h-Eòrpa ann an Alba. An ath-thuras agus a tha thu air costa an iar na h-Alba, feuch is coimhead gu mionaideach air a choille mun cuairt ort ach am faigh thu a-steach a mheanbh-shaoghal de mhiorbhailean luibheach sa bheil brìgh mhòr eadar-nàiseanta.



2 Le gaoith na mara agus ùir nach eil anabarrach torach, chan fhaigh prìomh chraobhan na coille (craobhan daraich is calltainn) ri fàs ach gu ìre car iosal.

3 Lorgas raineach lannach Wilson air uachdar chlachan is air rùsg chraobhan an àitean far a bheil as motha de sheasgair, thaiseachd, bhruthainneachd ann.

4 Lorgas raineach nan radan am measg lusan ann an roinn dùmhail de choille-uisge Cheiltich.

5 Tha eisimpleirean de chrotal mòr air a bheil crotal-coille no grioman nan deagh shamhlaidhean air àile glan na coille-uisge Ceiltich.



Is e tarraing aire do choilltean air feadh an t-saoghail ceann-uidhe na làraich-lin *Forgotten Forests*. Theirig gu [www.rbge.org.uk/forgottenforests](http://www.rbge.org.uk/forgottenforests) ach an dèan thu fèille air a' choille agad fhèin le dealbhan is fiolmaichean beaga.